

Nan robh thusa ann an Glaschu tron t-samhradh, is cinnteach gur tusa dìreach aon a-mach à còrr is millean a chuala mun iomairt ùir 'Tlachd shìmplidh is i furasta a lorg'

A' gabhail tlachd ann an rudan sìmplidh





Bidh gu leòr de mhuintir Ghlaschu a' gabhail tlachd ann an ceum socrach air Slighe Chluaidh. Airson daoine eile ge-tà, cha bhi iad idir a' beachdachadh air sin a dhèanamh no chan urrainn dhaibh ùine a lorg air a shon.

Tha e fìor gu bheil mòran a tha a' fuireach anns na sgìrean bailteil againn, mar eisimpleir Obar Dheathain, Dùn Èideann agus Glaschu, gu sònraichte, a' tadhal air a' bhlàr a-muigh nas lugha na turas gach seachdain. Ach b' urrainn dhuinn uile barrachd feum a dhèanamh dheth airson toileachas fhaighinn bho nàdar.

Tha an iomairt againn 'Tlachd shimplidh is i furasta a lorg' a' brosnachadh dhaoine ùine a lorg airson toileachas fhaighinn a-muigh. Tha e mar amas againn am blàr a-muigh a shanasachadh mar àite far am faighear fìor dheagh chothroman airson cur-seachadan simplidh, is iad sin furasta a dhèanamh.

Chuireadh an iomairt air chois ann an Glaschu anns an luchd le measgachadh de shanasachadh air slighean-bhusaichean agus aig stèiseanan fon talamh, cho math ri postairean air bogsaichean-fòn. 'S e dòigh èifeachdach a bha ann an teachdaireachd a sgaoileadh do chòrr is 1.3 millean neach, is còrr is 90% de mhuintir Ghlaschu air fios fhaighinn mun iomairt.

Chuidich com-pàirteachas leis an Glasgow Evening Times 75,000 de mhuintir Ghlaschu a ruigsinn, a' toirt cothrom dhuinn cuairtean treòraichte sa bhaile a thabhand dhaibh. Thug seo cothrom do leughadairean – iomadh dhiubh airson a' chiad turas – fiosrachadh inntinneach a lorg, is tlachd a ghabhail ann, mun sgìre aca.

"Tha an iomairt ann an Glaschu agus na sgìrean timcheall air a' bhaile a-nis ga chur an gnìomh," thuirt Eleanor Dhòmhnallach, manaidsair iomairtean SNH. "Rè làithean-saora nan sgoiltean, bhruidhinn ar luchd-obrach ri còrr is 15,000 neach, a' sgaoileadh mholaidhean mu na dh'fhaodadh iad dèanamh air a' bhlàr a-muigh.

"Chaidh a dhealbh mar iomairt bheothail a tha a' toirt air daoine smaoinichadh, le rudan a' tachairt aig ìre sgìreil is nàiseanta. Tha sinn a' cleachdadh Facebook airson aire dhaoine a ghluacadh agus barrachd dhaoine a chur an sàs

ann a bhith a' lorg nàdar air leac an dorais."

Tha an iomairt a' sealltainn gu bheil, ann an teismeadhan baile cho trang, iomadh àite is iomadh dòigh ann tòrr a dhèanamh leis an ùine shaor aca. Airson daoine a bhrosnachadh, tha sinn air leabhar-iùil farsaing a chur ri chèile: Get out and about in Glasgow. Tha an t-uabhas fiosrachaidh anns an leabhar seo: àiteachan, seòlaidhean, goireasan agus molaidhean airson rudan a dhèanamh no a lorg anns, is timcheall air, a' bhaile. Airson lethbhreac fhaighinn, cuir fios do mhuintir fhoillseachaidhean againn air 01738 458 530 no pubs@snh.gov.uk

Chuir buidhnean coimhearsnachd ionadail an làn thaic ris an sgeama sa bhad. "Bu chòir meal-a-naidheachd a chuir air SNH airson na h-iomairt bhrosnachail seo," thuirt Nigel Willis, cathraiche Friends of Glasgow Necropolis. "Tha daoine a tha a' fuireach ann an Glaschu, no a' tadhal air, gu math fortanach gu bheil an uiread de dh'àiteachan 'uaine' ann far an urrainn dhaibh coiseachd no tlachd a ghabhail ann an lusan is beathaichean a' bhaile. Tha sinn ro thoilichte gu bheil an iomairt seo a' cur cudrom air na tàlaidhean nàdarra seo."

Ge-tà, tha am pròiseact nas fharsaing fathast òg. Tha sinn ag obair airson iomairtean coltach ris an fhear seo a chur air dòigh ann an Obar Dheathain is ann an Dùn Èideann tron bhliadhna. Agus tha sinn an dòchas bailtean eile a bhrosnachadh airson iomairtean ionadail dhaibh fhèin a chur air dòigh.

Mas e buidheann choimhearsnachd a tha annaibh no mas e eagrachadh a tha airson taic a chur ris an iomairt a tha annaibh, faodar goireasan na h-iomairt a lùghdachadh a-nuas aig www.snh.gov.uk/simplepleasures. Bheir e cothrom dhut riochd agaibh fhèin a chur air postairean is slighean coiseachd leis gu bheil teampailean ann far am faighear samhlaidhean na h-iomairt.